



Scottish Land Commission  
Coimisean Fearainn na h-Alba

# Prògram Obrach

An Giblean 2025 – an t-Sultain 2026



## Clàr-innse

Am Prògram Obrach againn eadar an Giblean 2025 agus an t-Sultain 2026: .....	4
1. A' toirt seachad comhairle air lagh, poileasaidh is cleachdadh.....	4
2. A' cumail taic ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba.....	5
3. A' brosnachadh deagh dhàimhean eadar uachdarain àiteachais agus teanantan tro dhleastanasan Coimiseanair Tuathanachas Màil.....	6
4. A' com-pàirteachadh le daoine mu carson a tha fearann cudromach agus mar as urrainn dhaibh a dhol an sàs sa chùis .....	7
5. A bhith nar buidheann èifeachdach .....	8

Tha am Prògram Obrach againn a’ mìneachadh na h-obrach tha Coimisean Fearainn na h-Alba a’ planadh gus ar Plana Ro-innleachdail a libhrigeadh. Fo Achd Ath-leasachadh an Fhearainn (Alba) 2016 feumaidh an Coimisean Prògram Obrach fhoillseachadh agus a chur fa chomhair na Pàrlamaid.

Tha am Plana Obrach againn air a phlanadh airson ùine de 18-mìosan, agus tha sinn an dùil ùrachadh nuair a bhios sin a dhìth gus am bi an obair againn daonnan buntainneach agus gun urrainn dhuinn freagarrachadh ri prìomhachasan a tha ag atharrachadh taobh a-staigh ùine a’ Phlana Ro-innleachdail. Tha na h-ullachaidhean libhrigidh agus stòrais anns gach bliadhna ionmhais air am mìneachadh anns na planaichean gnìomhachais bliadhnail againn.

Tha an ro-innleachd iomlan againn air a mhìneachadh sa Phlana Ro-innleachdail làithreach againn, a chaidh fhoillseachadh san t-Sultain 2023:

### **Ar Lèirsinn: tha sealbhachadh agus cleachdadh fearainn a’ cumail taic ri daoine agus àiteachan soirbheachail**

**An Ro-innleachd againn: Daoine, Cumhachd is Soirbheachas** - Bidh sinn ag obair gus na builean àrd-ìre seo a choileanadh:

- **Daoine** - bidh daoine a’ com-pàirteachadh agus a’ toirt buaidh air co-dhùnaidhean mu mar a thathar a’ cleachdadh fearann;
- **Cumhachd** – tha cumhachd agus smachd air fearann air a cho-roinn nas fharsainghe tro sheilbheadaireachd is riaghladh eadar-mheasgte;
- **Soirbheachas** - tha luach agus buannachdan an fhearainn air an cleachdadh gu cothromach gus soirbheas agus leas eaconamach a chruthachadh.

### **Nì sinn seo le bhith:**

- A’ toirt seachad comhairle air lagh, poileasaidh is cleachdadh;
- A’ cumail taic ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba;
- A’ brosnachadh deagh dhàimhean eadar uachdarain àiteachais agus teanantan tro dhleastanasan Coimiseanair Tuathanachas Màl;
- A’ com-pàirteachadh le daoine mu carson a tha fearann cudromach agus mar as urrainn dhaibh a dhol an sàs sa chùis;
- Tha seo stèidhichte air deagh riaghladh corporra agus leasachadh buidhne.

## Am Prògram Obrach againn eadar an Giblean 2025 agus an t-Sultain 2026:

### 1. A' toirt seachad comhairle air lagh, poileasaidh is cleachdadh

Bheir sinn fianais, anailis agus comhairle do Riaghaltas na h-Alba, dhan Phàrlamaid agus do luchd-ùidh.

<p><b>1.1 Bile Ath-leasachaidh an Fhearainn</b></p>	<p>Thoir seachad comhairle, anailis agus fianais airson a bhith a' fiosrachadh leasachadh agus buileachadh nan ìrean tòiseachail de Bhile Ath-leasachadh an Fhearainn agus nan ìrean às dèidh sin;</p> <p>Comharraich agus planaich airson na buaidh a thaobh goireasan agus airson na buaidh chorporra air a' Choimisean a thaobh gnìomhan ùra a dh'fhaodadh tighinn às a' Bhile;</p>	<p>Leantainneach</p>
<p><b>1.2 Alba le Ath-leasachadh Fearainn</b></p>	<p>Dèan com-pàirteachadh air a bhith a' beachdachadh air cò ris a bhiodh Alba le fearainn ath-leasaichte coltach agus thoir comhairle air prògram ath-leasachaidhean a chuireadh crìoch air turas ath-leasachadh fearainn làithreach na h-Alba;</p>	<p>An Giblean 25 - An Giblean 26</p>
<p><b>1.3 Prìomhachasan airson comhairle poileasaidh</b></p>	<p>Thoir seachad comhairle agus brosnach cothroman ann am poileasaidh agus cleachdadh gus taic a thoirt do mhodailean nas eadar-mheasgte de riaghladh fearainn, a' gabhail a-steach croitearachd agus cothroman fearainn eile aig sgèile beag.</p> <p>Thoir seachad comhairle gus Lèirmheas Riaghaltas na h-Alba air Còraichean Ceannaich Coimhearsnachd fhiosrachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' gairm Buidheann Comhairleachaidh airson an Lèirmheis, agus beachdaich air ath-leasachaidhean eile gus taic a chumail ri sealbh fearainn coimhearsnachd, a' gabhail a-steach sgrùdadh air àite Maoin Fearainn na h-Alba;</p> <p>Lìbhrig an gealltanais ann an Ro-innleachd Chìsean Riaghaltas na h-Alba gus sgrùdadh a dhèanamh air àite nan cìsean ann an ath-leasachadh fearainn agus builean cothromachadh-carboin tro rannsachadh, com-pàirteachadh agus tro bhith a' cruthachadh mapa slighe;</p>	<p>An Giblean 25 - An t-Sultain 26</p>

	Thoir seachad comhairle air a' chothrom ro-innleachdail a th' aig ceannardas tro shealbh fearainn poblach gus builean ath-leasachadh fearainn a libhrigeadh, a' gabhail a-steach sealbh fearainn eadar-mheasgte, taigheadas agus buannachd coimhearsnachd;	
<b>1.4 Rannsachadh agus dàta</b>	<p>Ùraich ro-innleachd rannsachaidh a' Choimisein gus feum a dhèanamh de chothroman airson co-obrachadh agus maoinachadh bhon taobh a-muigh, a' gabhail a-steach co-òrdanachadh le prògram rannsachaidh ro-innleachdail RESAS;</p> <p>Foillsich aithrisean bhliadhnail air margaidh an fhearainn dhùthchail, a' toirt seachad dàta agus anailis gus poileasaidh fiosrachadh;</p> <p>Thoir seachad comhairle mu leasachaidhean air amalachadh dàta fearainn agus ruigsinneachd.</p>	<p>An Giblean 25 - An t-Sultain 25</p> <p>Leantainneach</p> <p>An Giblean 25 - An t-Sultain 25</p>

## 2. A' cumail taic ri buileachadh practaigeach Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn na h-Alba

Bheir sinn comhairle agus stiùireadh seachad gus daoine agus buidhnean a chuideachadh gus prionnsapalan Aithis Còraichean is Dleastanasan na h-Alba a bhuileachadh.

<b>2.1 Deagh chleachdadh ann an seilbheadaireachd, cleachdadh agus stiùireadh fearainn</b>	Dèan lèirmheas air agus ùraich Pròtacalan Còraichean is Dleastanasan Fearainn le stiùireadh agus sgrùdaidhean cùise nan cois	An Giblean 25 - An Giblean 26
	Libhrig prògram de chom-pàirteachadh agus de CPD airson àidseantan fearainn agus proifeiseantaich eile ann an co-obrachadh le com-pàirtichean	Leantainneach
	Thoir seachad comhairle do shealbhadairean fearainn agus manaidsaran a tha ag iarraidh a bhith for-ghnìomhach ann a bhith a' buileachadh Aithris Còraichean is Dleastanasan Fearainn	Leantainneach

	Thoir comhairle do choimhearsnachdan agus sealbhadairean fearainn nuair a thèid draghan a thogail mu chur an gnìomh na h-Aithris air Còraichean is Dleastanasan Fearainn gus taic a chumail ri deagh chleachdadh	Leantainneach
	Gairm a’ Bhuidheann Comhairleachaidh air Deagh Chleachdadh mar dhòigh chunbhalach gus conaltradh agus co-obrachadh a chumail le luchd-ùidh	Leantainneach
	Dèan lèirmheas air dòighean anns an gabhadh Prògram an Deagh Chleachdaidh a leudachadh gus buaidh nas motha a thoirt	An Giblean 25 - An t-Sultain 25
<b>2.2 Buannachd coimhearsnachd bho fhearann agus calpa nàdarra</b>	Thoir seachad comhairle air deagh chleachdadh agus thoir taic do bhuileachadh buannachdan coimhearsnachd bho fhearann agus calpa nàdarra.	An Giblean 25 - An Giblean 26

### 3. A’ brosnachadh deagh dhàimhean eadar uachdarain àiteachais agus teanantan tro dhleastanasan Coimiseanair Tuathanachas Màil

Bheir sinn taic do libhrigeadh gnìomhan reachdail Coimiseanair Tuathanachas Màil, a’ feuchainn ri sineirgidhean a lorg leis a’ phrògram obrach nas fharsainge againn.

<b>3.1 Còdan Cleachdaidh, Stiùireadh agus Obair-cùise</b>	Dèan cinnteach gu bheil Còdan agus Stiùireadh a’ cur aghaidh air cùisean làithreach agus cùisean a tha a’ tighinn am bàrr gus taic a chumail ri deagh dhàimhean. A’ freagairt cheistean mu obair-chùise no casaid sam bith de bhriseadh nan Còdan Cleachdaidh	Leantainneach
<b>3.2 Leigeil Seachad is Sònrachadh Theanantachdan</b>	Coilean an riatanas reachdail neach-luachaidh fhadstadh nuair a bhios feum air seo gus an gabh teanantachdan àiteachais a leigeil seachad agus a shònrachadh.	Leantainneach
<b>3.3 Fòram Comhairleachaidh</b>	Gairm am Fòram mar dhòigh chunbhalach airson conaltradh agus co-obrachadh le luchd-ùidh	Leantainneach

<b>Thuathanaich Màil</b>	Comharraich dòighean gus piseach a thoirt air dàta mu thuathanachas màil agus gus a cho-roinn gus poileasaidh fhiosrachadh nas fheàrr.	An Gilbean 25 - An Giblean 26
<b>3.4 Bile Ath-leasachaidh an Fhearainn Pàirt 2</b>	Thoir seachad comhairle mu leasachadh agus buileachadh ath-leasachaidhean tuathanachais màil ann am Pàirt 2 de Bhile Ath-leasachadh an Fhearainn.	Leantainneach

#### 4. A' com-pàirteachadh le daoine mu carson a tha fearann cudromach agus mar as urrainn dhaibh a dhol an sàs sa chùis

Nì sinn cinnteach gum bi am poball agus luchd-ùidh an sàs san obair againn, togaidh sinn co-obrachadh agus cleachdaidh sinn na dleasan againn gus diofar sgilean agus lèirsinnean a thoirt còmhla le fòcas co-roinnte.

<b>4.1 Com-pàirteachadh Poblach</b>	Brosnaich agus fiosraich an còmhraidh poblach mu fhearainn agus ath-leasachadh fearainn tro fhoillseachaidhean, blogaichean, na meadhanan agus conaltradh	Leantainneach
	Ùraich agus leasaich làrach-lìn a' Choimisein gus cur ri ruigsinneachd agus goireasachd	An Giblean 25 - An Giblean 26
<b>4.2 Conaltradh is tachartasan</b>	Thoir seachad prògram de thachartasan air-loidhne agus aghaidh-ri-aghaidh gus taic a chumail ris a' phrògram obrach againn agus gus conaltradh a thaobh ath-leasachadh fearainn a leudachadh	Leantainneach
<b>4.3 A' toirt luchd-ùidh còmhla</b>	Cuir còmhraidhean air dòigh gus co-obrachadh agus lèirsinn a bhrosnachadh thar diofar roinnean co-cheangailte ri fearann	Leantainneach
	Gairm buidhnean seasmhach a' gabhail a-steach Buidheann Stiùiridh Fearann Coimhearsnachd, Fòram Comhairleachaidh Tuathanachas Màil, Fòram Comhairleachaidh Fearainn is Chòraichean Daonna agus Buidheann Comhairleachaidh air Deagh Chleachdadh	

	agus cruthaich rèiteachaidhean ùra airson a bhith a’ brosnachadh ceistean co-cheangailte ri còraichean daonna ann an ath-leasachadh fearainn.	
--	---	--

## 5. A bhith nar buidheann èifeachdach

Leasachaidh sinn na siostaman agus anns an luchd-obrach againn gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn ar prìomh amasan a libhrigeadh gu h-èifeachdach

<b>5.1 Leasachadh na buidhne</b>	Leasachadh buidhne for-ghnìomhach a’ gabhail a-steach trèanadh is leasachadh luchd-obrach a bheir taic do chultar fosgailte agus co-obrachail	Leantainneach
<b>5.2 Ro-innleachd ionmhais sa meadhan-ùine</b>	Cumail planadh ghoireasan agus ro-innleachd ionmhais meadhan-ùine fo sgrùdadh airson a bhith sùbailte agus comasach air gabhail ri prìomhachasan ùra san àm ri teachd	Leantainneach
<b>5.3 Planadh Ro-innleachdail</b>	Planaich airson na buaidh aig atharrachaidhean ann an gnìomhan a’ Choimisein a dh’fhaodadh tighinn à Bile Ath-leasachadh an Fhearainn  Dèan cinnteach gu bheil an Coimisean deiseil gus an ath Phlana Ro-innleachdail aca a chruthachadh, a dh’fheumas a bhith ann san t-Sultain 2026.	Leantainneach  An Giblean 26 - An t-Sultain 26



Ma tha sibh ag iarraidh lethbhreac den  
sgrìobhainn seo sa Bheurla, cuiribh post-d  
gu  
[commsteam@landcommission.gov.scot](mailto:commsteam@landcommission.gov.scot)  
no cuiribh fòn gu 01463 423 300.

If you would like to request a copy of this  
document in English, please email  
[commsteam@landcommission.gov.scot](mailto:commsteam@landcommission.gov.scot) or  
call 01463 423 300



Scottish Land Commission  
Coimisean Fearainn na h-Alba

Coimisean Fearainn na h-Alba  
An Lòchran  
10 Àrainn Inbhir Nis  
Inbhir Nis  
IV2 5NA

[info@landcommission.gov.scot](mailto:info@landcommission.gov.scot)  
01463 423 300

[www.landcommission.gov.scot](http://www.landcommission.gov.scot).